

Na Toraidhean Agad

Taic ri fhaighinn dhut



Skills
Development
Scotland



Results Helpline

**Whatever your results, you have options,
and our careers advisers can help.**

Talk to us about college and university,
apprenticeships, training, volunteering, getting
into work, and more.

Call 0808 100 8000

Tue 6 and Wed 7 Aug: 8am to 8pm

Thurs 8 and Fri 9 Aug: 9am to 5pm

myworldofwork.co.uk

Foir-shealladh air Na Toraidhean Agad

Tha sinn a' tuigsinn gum faod a bhith a' faighinn do thoraidhean agus a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean air na h-ath cheumnan toirt ort a bhith a' faireachdainn iomagaineach.

Tha an leabhran seo airson a h-uile neach-ionnsachaidh a bhios a' faighinn nan toraidhean aca air **6 Lùnastal 2024**. Tha e a' toirt seachad fiosrachadh air dè bu chòir dhut a bhith an dùil fhaighinn còmhla ris a' Bharantas Theisteanasan na h-Alba agad. Tha ceanglaichean feumail ann cuideachd don taic a tha ri làimh agus thu a' dèanamh cho-dhùnaidhean air na h-ath cheumnan a ghabhas tu.

Ma tha dad san leabhran seo nach eil thu a' tuigsinn, bruidhinn ris an tidsear no òraidiche agad. Ma dh'fhaodte gum bi thu ag iarraidh am fiosrachadh a shealltainn gu do phàrant no neach-cùraim cuideachd.

Faodaidh tu fòn a chur gu loidhne-chuideachaidh nan toraidhean aig Leasachadh Sgìlean na h-Alba (SDS) ma tha thu feumach air cuideachadh no comhairle air na leanas:

- àiteachan bàna air cùrsaichean aig colaistean no oilthighean
- Dearbhadh agus Clìoradh tro UCAS
- Preantasachdan Tòiseachaidh, Ùr-nòsach agus Ceumnaiche
- obraichean, saor-thoileachas agus roghainnean trànaidh
- a' cumail ort aig an sgoil


Loidhne-chuideachaidh nan Toraidhean aig SDS: 0808 100 8000
Bidh an loidhne-chuideachaidh a' dùnadh aig 5f air **9 Lùnastal 2024**.

Faodaidh tu cuideachd comhairle fhaighinn bho luchd-comhairle dhreuchdan aig SDS air feadh na dùthcha. Faodaidh tu bruidhinn riutha anns an sgoil no aig oifisean ionadail is ionadan coimhearsnachd SDS. Agus gheibh thu tòrr cuideachaidh agus comhairle mu thoraidhean air-loidhne aig **www.myworldofwork.co.uk** no cuir fòn thuca air **0800 917 8000** an dèidh do Loidhne-chuideachaidh nan Toraidhean a dhùnadh.

Am Barantas

Theisteanasan na h-Alba agad


Air Latha nan Toraidhean, bidh sinn a' cur còrr is 140,000 teisteanasan tron phost. Ann an cèis-litreach nan toraidhean agad, gheibhear litir bho Phrìomh Oifigear nan Deuchainnean agus teisteanas nan toraidhean agad, a bhios a' gabhail a-steach:



- a h-uile teisteanas SQA a choilean thu gu ruige seo;
- na rangachaidhean a fhuair thu (ma tha seo buntainneach);
- am mìos is bliadhna san do choilean thu gach teisteanas; agus
- ìre gach teisteanas a rèir Frèam-obrach Chreideas an Theisteanasan na h-Alba (SCQF).



Airson tuilleadh fiosrachaidh, tadhail air www.sqa.org.uk/sqc



Na prìomh trì ceistean a gheibh sinn air Latha nan Toraidhean



Cò thuige a bu chòir dhomh fios a chur ma tha ceistean sam bith agam mu dheidhinn nan toraidhean agam?

Bruidhinn ris an tidsear, òraidiche no ceannard cùrsa trèanaidh agad ma tha ceistean sam bith agad mu dheidhinn nan toraidhean agad. Ma tha draghan sam bith agad mu dheidhinn gin de na rangachaidhean air an teisteanas agad, thoir fa-near gum faod thu ath-thagradh a dhèanamh tron t-Seirbheis Ath-thagraidhean againn, a tha an-asgaidh. Faigh barrachd a-mach mu dheidhinn air **duilleag 10**.



Chlàraich mi airson MySQLA. Carson nach d' fhuair mi na toraidhean agam le teacsa no post-dealain?

Bidh sinn a' cur a-mach teacsaichean is puist-dealain bho 8m air Latha nan Toraidhean. Faodaidh amannan libhrigidh a bhith diofaraichte bho dhiofar sholaraichean seirbheise. Cuimhnich sùil a thoirt air a' phasgan spama no pasgan-truilleis agad mas e 's nach d' fhuair thu air post-dealain agad.

Ma tha thu thall thairis, chan fhaigh thu an teacsa mura bheil am fòn agad comasach air teachdaireachdan fhaighinn thall thairis agus ma tha creideas gu leòr agad.



Tha toraidhean a dhìth air an teisteanas agam. Dè bu chòir dhomh a dhèanamh?

Ma tha toraidhean a dhìth ort, no ma tha toraidhean air an liostadh nach robh thu an dùil fhaicinn, bruidhinn ris an tidsear, òraidiche no ceannard cùrsa trèanaidh agad. Bheir iadsan sùil a-steach air seo às do leth.

Ma tha ceist agad ris nach eilear a' dèiligeadh san leabhran seo, tadhail air an duilleig-lìn ceistean cumanta againn aig **www.sqa.org.uk/faqs**


Ciamar a tha deuchainnean agus obair-chùrsa gan comharrachadh?

Gus na deuchainnean agus obair-chùrsa bho air feadh Alba a chomharrachadh, tha còrr is 7,700 tidsear is òraidiche sàr-eòlach an sàs san obair. Theinear **luchd-comharrachaidh** ris na daoine seo.

Tha luchd-comharrachaidh sàr-eòlach air na cuspairean aca agus tha iad air trèanadh, stiùireadh agus iùl air comharrachadh fhaighinn bhuiainn. Bidh iadsan a' dèanamh co-dhùnadh air a' chomharra dheireannach agad, a' cleachdadh an cuid eòlais sònraichte air riathanasan cùrsa agus **inbhean nàiseanta**.

Bidh sinn a' dèanamh iomadh sgrùdadh air feadh nan cùrsaichean is irean uile gus dèanamh cinnteach gu bheil an comharrachadh ceart agus cunbhalach, agus gu bheil e a' coileanadh na h-inbhe nàiseanta. Theinear barantachd càileachd ri seo.

Tha inbhean nàiseanta a' stèidheachadh na h-ìre de dh'eòlas, sgilean agus tuigse a dh'fheumas tu sealltainn san obair agad. Tha iad a' dèanamh cinnteach gu bheil an rangachadh ceart agus cothromach.



Faigh a-mach tuilleadh air dè thachras gu do phàipear cheistean an dèidh na deuchainn agad.

Am faod mi na pàipearan deuchainne comharraichte agam fhaicinn?

Am-bliadhna, tha sinn a' taingse a' chothruim do chuid de luchd-ionnsachaidh, an dèidh Latha nan Toraidhean, na pàipearan deuchainne comharraichte aca fhaicinn. Chan eilear ach a' probhadh seo mar dheuchainn, agus mar sin tha e cuibhrichte do na còig cuspairean is ìrean sònraichte a leanas.

- **Cruinn-eòlas** – Nàiseanta 5 agus Àrd-Ìre
- **Conaltradh Grafaigeach** – Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach
- **Meadhanan** – Nàiseanta 5
- **Ceòl** – Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach
- **Staitistearachd** – Àrd-Ìre Adhartach

Ma tha thu air deuchainnean a ghabhail ann an gin de na cuspairean seo, ma dh'fhaodte gum bi thu ag iarraidh am pàipear comharraichte agad fhaicinn gus do chuideachadh le barrachd ionnsachaidh no le bhith a' dèanamh co-dhùnadh air ath-thagrachd a chur air adhart mas e 's gun d'fhuair thu rangachadh ris nach robh dùil. Ma tha thu airson am pàipear comharraichte agad fhaicinn, bruidhinn ris an tidsear no òraidiche agad, a dh'fhaodas seo a chur air dòigh dhut.



Tadhail air www.sqa.org.uk/markedexamtrial airson barrachd fiosrachaidh.

Cia mheud comharra a dh'fheumar airson gach rangachadh (A gu D)?

Thathar a' buileachadh rangachaidhean gu tur a rèir a' choileanadh agad sna measaidhean obair-chùrsa uile (an dà chuid deuchainnean agus obair-chùrsa). Tha na comharran a dh'fheumar airson gach rangachadh ag atharrachadh beagan bho bhliadhna gu bliadhna agus eadar cùrsaichean. Tha seo an crochadh air na còmhraidhean air crìochan nan rangachaidhean a bhios a' gabhail àite eadar **Prìomh Luchd-measaidh** agus an luchd-obrach againn an dèidh do chomharrachadh a bhith air a choileanadh.

Tha crìochan nan rangachaidhean a' stèidheachadh cia mheud comharra, aig a' char as lugha, a dh'fheumas neach-ionnsachaidh airson gach rangachadh, bho A gu D.



Tha Prìomh Luchd-measaidh nan tidsearan sàr-eòlach a tha ag obair leinn gus sùil a chumail air a h-uile pàirt den rangachadh sna raointean cuspair aca.

Ma gheibh sinn a-mach gun robh deuchainn no pìos de dh'obair-chùrsa nas fhasa no nas dorra na bhathar an dùil, gluaisidh sinn crìochan nan rangachaidhean suas no sìos gu dèanamh cinnteach gu bheil an coileanadh a dh'fheumar gus gach rangachadh a choileanadh gun atharrachadh bho bhliadhna gu bliadhna.

Tha am pròiseas seo a' tachairt gach bliadhna gus dèanamh cinnteach gu bheil na rangachaidhean a tha sinn a' toirt seachad ceart agus cothromach.

Am-bliadhna, bidh mòran agaibh air pìos de dh'obair-chùrsa a chur a-steach no deuchainn a ghabhail ann an cuspair practaigeach airson a' chiad turais. Chaidh iad seo a thoirt a-steach a-rithist am-bliadhna an dèidh an toirt às rè a' ghalair mhòr-sgaoilte Covid-19. Ann a bhith a' stèidheachadh crìochan nan rangachaidhean, tha sinn a' toirt fa-near air a' bhuaidh an toirt a-steach a-rithist air luchd-ionnsachaidh.



Faigh barrachd fiosrachaidh air a' phròiseas airson crìochan nan rangachaidhean a stèidheachadh.

Am faod mi na toraidhean agam ath-thagradh?

Faodaidh tu ath-thagradh a dhèanamh ma tha dragh ort mu rangachadh Nàiseanta 5, Àrd-ìre no Àrd-ìre Adhartach agus thu a' faireachdainn gur dòcha gun robh mearachd ann sa chomharrachadh.

Ma nì thu ath-thagradh air an rangachadh agad, nì àrd-neach-comharrachaidh ath-bhreithneachadh air mar a chaidh na measaidhean agad a chomharrachadh le SQA.

Chan eil seo a' ciallachadh gun tèid an deuchainn no obair-chùrsa agad ath-chomharrachadh. Thathar a' dèanamh ath-bhreithneachadh air a' chomharrachadh mar dhearbhadh gus dèanamh cinnteach:

- gun deach gach pàirt de na measaidhean SQA agad a chomharrachadh;
- gu bheil an comharrachadh ann an co-rèir ri inbhean nàiseanta;
- gun deach na comharran a thugadh seachad airson gach freagairt a chunntadh gu ceart; agus
- gun deach an toradh ceart a chur a-steach don t-siostam againn.

Às dèidh an ath-bhreithneachaidh, dh'fhaodadh an rangachadh agad a dhol suas no dh'fhaodadh e fuireach mar a tha e, no fiù 's a dhol sìos. Ma tha thu a' smaoineachadh air ath-thagradh a dhèanamh, bu chòir dhut bruidhinn ris an tidsear no òraidiche agad, no ri ball eile den luchd-obrach, gus faicinn a bheil e gu do leas. Ach is ann agadsa a bhios an co-dhùnadh deireannach a thaobh ath-thagradh a dhèanamh.




Nithean ri beachdachadh air mus dèan thu ath-thagradh

- A bheil an rangachadh air an teisteanas agad ann an co-rèir ri do rangachadh tuairmsichte?
- An do bhruidhinn thu ris an tidsear, òraidiche no ceannard cùrsa trèanaidh agad mun rangachadh?
- An e rangachadh ris nach robhar an dùil?

Chan urrainn dhut ath-thagradh a dhèanamh ma:

- chaidh stad a chur air an duais cùrsa agad air sgàth briseadh riaghailtean (ris an canar mì-chleachdadh);
- chaidh an rangachadh a thoirt seachad tron t-Seirbheis Beachdachaidh air Suidheachaidhean Air Leth; no
- fhuair thu rangachadh A.



Am faod mi ath-thagradh prìomhachais iarraidh?

Chan urrainn dhuinn prìomhachas a thoirt don ath-thagradh agad ach ma tha tairgse chumhach agad airson àite ann an oilthigh, colaiste no trèanadh am-bliadhna no cosnadh a tha an urra ris an rangachadh agad.

Feumaidh ath-thagraidhean prìomhachais a bhith air an aontachadh leis an sgoil, colaiste no ionad trèanaidh agad. Ma dh'iarraas tu orra ath-thagradh a dhèanamh às do leth, bu chòir dhut innse dhaibh a bheil tairgse chumhach agad no cothrom cosnaidh a tha an urra ris an rangachadh agad.

Feumaidh tu ainm an ionaid-fhoghlaim no fastaiche a thoirt seachad airson ath-thagradh a bhith air a ghiullachd mar phrìomhachas.

Ciamar a nì mi ath-thagradh?

Faodaidh tu an t-Seirbheis Ath-thagraidhean dhìreach do luchd-ionnsachaidh a chleachdadh aig sqa.org.uk/appeals

Feumaidh tu am fiosrachadh a leanas a thoirt seachad.

- An seòladh puist-dealain agad
- D' ainm:
- Do cho-là-breith
- An Àireamh Oileanaich agad (nì fhaicinn air an teisteanas agad)

Mas fheàrr leat, faodaidh tu iarraidh air pàrant no neach-cùrainn seo a dhèanamh às do leth.

Chan eil an t-Seirbheis Ath-thagraidhean ceangailte ri MySQA, agus mar sin feumaidh tu clàradh fa leth a dhèanamh air a son.



Fiosrachadh airson pàrantan agus luchd-cùraim

Ma tha sibh a' dèanamh ath-thagradh às leth ur pàiste, cuimhnichibh:

- gum feum sibh cead ur pàiste fhaighinn mus dèan sibh ath-thagradh.
- ma tha sibh a' dèanamh ath-thagradh às leth barrachd air aon leanabh, gum feum sibh clàradh airson na seirbheise le seòladh puist-dealain air leth airson gach pàiste;
- gum bu chòir gu bheil ur pàiste a' tuigsinn gum faod an rangachadh aca a dhol suas, fuireach mar a tha e no a dhol sìos.
- gum bu chòir gu bheil ur pàiste a' tuigsinn nach urrainn dhaibh ath-thagradh a dhèanamh leotha fhèin cuideachd.




Ciamar agus cuin a gheibh mi toradh an ath-thagraidh agam?

Cuiridh sinn toradh an ath-thagraidh agad chun na sgoile, colaiste no ionad-trèanaidh agad. Cha phost sinn toraidhean air an t-seirbheis dhìreach do luchd-ionnsachaidh no air MySQA.

Ma tha an rangachadh agad ag atharrachadh, cuiridh sinn thugad teisteanas ùr san t-Samhain agus ath-ùraichidh sinn na toraidhean agad air MySQA an dèidh sin.

Dearbhaidh sinn co-dhùnaidhean air ath-thagraidhean prìomhachais air 2 Sultain 2024. Tha sinn an dùil gun cuir sinn a h-uile toradh ath-thagraidh eile a-mach san Dàmhair, ach tha seo an urra ri cia mheud iarrtas ath-thagraidh a gheibh sinn.

Tha toraidhean nan ath-bhreithneachaidhean comharrachaidh deireannach. Aon uair 's gu bheil rangachadh ath-sgrùdaichte agad, no ma tha sinn air dearbhadh gu bheil an rangachadh agad ceart, chan fhaod thu ath-thagraidh a dhèanamh air a-rithist.



Clàr-ama Seirbheis nan Ath-thagraidhean

Dimàirt 6 Lùnastal – Latha nan Toraidhean. Tha an t-Seirbheis Ath-thagraidhean a' fosgladh aig 9m.

Dimàirt 13 Lùnastal – an ceann-latha mu dheireadh air am faod thu fhèin, no do phàrant no neach-cùrain, ath-thagradh prìomhachais iarraidh.

Diciadain 21 Lùnastal – an ceann-latha mu dheireadh air am faod thu iarraidh air an sgoil, colaiste no ionad trèanaidh agad ath-thagradh prìomhachais iarraidh às do leth.

Dimàirt 27 Lùnastal – an ceann-latha mu dheireadh air am faod thu fhèin, no do phàrant no neach-cùrain, ath-thagradh a dhèanamh.

Dihaoine 30 Lùnastal – an ceann-latha mu dheireadh air am faod thu iarraidh air an sgoil, colaiste no ionad trèanaidh agad ath-thagradh a dhèanamh às do leth.

Diluain 2 Sultain – an ceann-latha a chuireas sinn a-mach co-dhùnaidhean air ath-thagraidhean prìomhachais gu sgoiltean, colaistean agus ionadan trèanaidh.

An Dàmhair 2024 – an ceann-latha air an cuir sinn a-mach na co-dhùnaidhean air a h-uile ath-thagradh eile. Ma dh'fhaodte gum feum sinn ar co-dhùnaidhean a chur a-mach nas anmoiche na seo, a rèir cia mheud ath-thagradh a gheibh sinn. Innsidh sinn don sgoil, colaiste no ionad-trèanaidh agad ma tha seo buntainneach.

Tadhail air www.sqa.org.uk/appeals ainson barrachd fiosrachaidh. Faodaidh tu cuideachd bruidhinn ris an tidsear no òraidiche agad, oir bidh tuilleadh fiosrachaidh aca mu dheidhinn nan toraidhean agad.

A' smaoinichadh air Àrd-Theisteanasan Nàiseanta?

Tha Teisteanasan Nàiseanta Àrd-ìre (HNCs) agus Dioplòmaichean Nàiseanta Àrd-ìre (HNDs) air an dealbhachadh gus feumalachdan luchd-fastaidh a choileanadh. Thathar gan leasachadh ann an com-pàirteachas le colaistean, oilthighean agus gnìomhachas.

Gheibhear cùrsaichean HNC agus HND ann an raon farsaing de chuspairean, bho Chunntasachd gu Rìochdachadh Bhidiothan. Faodaidh na cùrsaichean seo do chuideachadh le bhith a leasachadh na sgilean practaigeach a dh'fheumas tu airson obair a dhèanamh agus an t-eòlas teòiridheach a bhios fastaichean an dùil a bhith agad.



Scanaich an còd QR no tadhail air www.sqa.org.uk/hn airson barrachd fiosrachaidh.



Dè th' ann an clìoradh tro UCAS?

Tro chlìoradh, bidh oilthighean is colaistean a' lìonadh àiteachan sam bith a tha fhathast rim faotainn air na cùrsaichean aca.

Faodaidh tu àite a shìreadh tro Chlìoradh san inneal-siridh air-loidhne air làrach-lìn UCAS aig **digital.ucas.com/search**

Mura bheil taingse agad mar-thà bho oilthigh no colaiste, ma tha thu ag ath-bheachdachadh air na roghainnean agad no ma tha thu dìreach air chur romhad gum bu mhatht leat cùrsa a thòiseachadh as t-fhoghar seo, faodaidh tu iarrtas a chur a-steach airson àite tro Chlìoradh ma tha àiteachan ann fhathast air a' chùrsa a tha thu ag iarraidh.



Scanaich an còd QR no tadhail **www.ucas.com/undergraduate/clearing-and-results-day/what-clearing** airson barrachd fiosrachaidh.

Feumach air taic?

Ainson barrachd cuideachaidh no fiosrachaidh mu na h-ath cheumannan agus roghainnean agad, tadhail air na làraich-lìn a leanas.



[sqa.org.uk/learners](https://www.sqa.org.uk/learners)



[e-sgoil.com](https://www.e-sgoil.com)



[mindyertime.scot](https://www.mindyertime.scot)



[myworldofwork.co.uk](https://www.myworldofwork.co.uk)



[myworldofwork.co.uk/
career-help/
school-leavers-toolkit](https://www.myworldofwork.co.uk/career-help/school-leavers-toolkit)



[ucas.com](https://www.ucas.com)



[whocaresscotland.org](https://www.whocaresscotland.org)



[young.scot](https://www.young.scot)

FEES · LOANS BURSARIES

Going to university or studying
HNC/HND at college?

You must apply to
SAAS for your fees,
loans or bursaries.

Apply now!

Check what
documents you
need in advance
on our website
and submit your
application at:



www.saas.gov.uk

SAAS
Funding your future

Student
Awards
Agency
Scotland

#StartWithSAAS





A bheil ceist agad?

0345 279 1000

www.sqa.org.uk/results

